

## Na Cruithnich – cò a bh' annta ?



Bha na Cruithnich a' fuireach ann an taobh an ear na h-Alba, tuath air Beul-aibhne For. B' iad sliochd an t-sluaigh ionadail bho linn an iarainn agus thug na Ròmanaich an t-ainm *Picti* orra. Tha a' chuid as motha den fhiosrachadh a tha againn mu na Cruithnich air tighinn bho na clachan snaidhte mionaideach is bhon

obair-mheatailt phriseil a dh'fhàg iad às an dèidh. Chan eil tobraichean fiosrachaidh eile againn ach lethbhreacan de liostaichean de na rìghrean aca, air an sgrìobhadh ann an Laideann, is grunn iomraidhean eile ann an sgrìobhainnean eachdraidheil an nàbaidhean, na Sasannaich, na h-Èireannaich agus na Cuimrich.

Mu dheireadh na 9mh linn, cha robh na Cruithnich tuilleadh nan daoine fa leth. Thàinig iad còmhla ri Èireannaich Earra-Ghàidheal (na h-Albannaich) fon ainm 'The Men of Alba'. Thàinig a' cho-rioghachd seo mu dheireadh gu bhith na pàirt de dh'Alba nua-aimsireil.

## Snaidheadh bho Linn nan Cruithneach

Tha clachan snaidhte bho linn nan Cruithneach a' toirt dhuinn a' mhòr-chuid dhen fhiosrachadh a tha againn mun deidhinn, is mun comasan ciùird is ealain. Faodar na clachan a roinn gu coitcheann do cheithir earrannan:

**Làraich Chrìosdail** – mar as trice leacan croise agus comharran-uaghach, air an snaidheadh le raon dhealbhadh mar a tha air na leacan croise samhla ach às aonais nan samhlaidhean (8mh-9mh linntean).

**Clachan samhla gearrte** – pìosan cloiche nàdarra, neo-dheasaichte le samhlaidhean Cruithneach air an gearradh air an aghaidh as mìne dhen a' chloich (6mh linn)

**Comharran-uaghach simplidh** – bha crois shimplidh air a gearradh air na clachan nàdarra, neo-dheasaichte (7mh linn)

**Leacan croise** – cumte is deasaichte, le croisean, samhlaidhean is seallaidhean samhlaichail air an snaidheadh orra (7mh-9mh linntean)

## Samhlan Cruithneach

Tha cumaidhean nan samhlan Cruithneach gun shamhail. Chan eil iad an àite eile. Chan eil fios againn dè tha gach samhla no buidheann shamhlan a' ciallachadh. Tha cuid dhen bheachd gur e cuimhneachain air na mairbh a tha sna clachan snaidhte, no dh'fhaodadh gu bheil iad a' nochdadh dilseachd, pòsaidhean no seilbh fearainn.

Tha samhlan geoimeatrach agus eas-chruthach mar corrain, corran is slat-V, diosgan dùbailte agus slat-Z a' nochdadh tric. Faodaidh na samhlan a bhith simplidh no air an sgeadachadh le dotagan, loidhnichean lùbte agus pàtrain rolla.

Cha robh a h-uile neach-ealain a' snaidheadh shamhlan san aon dòigh, ma bheirear sùil air na samhlan corrain is slat-V air na clachan bho Thuathanas Garbeg, Little Ferry Links agus Baile Bhlàir an Iar (an taobh eile dhen stèidh).

'S e an corran agus an t-slat-V as cumanta air clachan Cruithneach.



## Ealain Bheathaichean bho Linn nan Cruithneach

Tha na samhlaidhean de bheathaichean Cruithneach air an dèanamh fìor mhionaideach is tha iad a' toirt deagh fhaireachdainn de character a' bheathaich. Tha grinneas is gluasad ri fhaicinn ann am madadh allaidh Àird Rois. Tha bradain, nathraichean, iolairean, daimh, tuirc, tairbh, agus mathan rim faicinn ann an ealain nan Cruithneach cuideachd.




Bha comharran rollagach air an cleachdadh gus na fèithean is structar na bodhaig a shealltainn. Thog luchd-dealbhadh nan soisgeulan na comharran seo; tha deagh eisimpleir ri fhaicinn ann an iomhaigh an laogh bho shoisgeul Lùcais ann an soisgeulan Echtermach bhon 8mh linn, a tha a-nis ann am Paris.

## Tar-leacan Cruithneach

Bha na carraighean seo air an cumadh, air an obrachadh agus air an snaidheadh air an dà thaobh, agus seo na comharran cudromach a dh'fhàg na Cruithnich de chultar Chrìosdail eadar-nàiseanta an 8mh is an 9mh linn. Glè thrìc tha snìomhain shnaidhte agus pàtrain eadar-fhìchte ghrinn a' sgeadachadh an uachdair. Bidh croisean Chrìosdail còmhla ri samhlaidhean Cruithneach nas sine, agus tha samhlaidheachd Chrìosdail am measg sheallaidhean de shealg, sealg sheabhagan agus daoine a' marcachd. Uaireannan bidh Ogham, seòrsa de sgrìobhadh Cruithneach a bh' air a chleachdadh tric air carraighean-cuimhne, air na clachan seo. Tha eisimpleirean cudromach aig Cathair-Eaglais Eilginn, Caisteal Bhrothaidh, Ros Mhaircnidh, Neig agus Seannduaig.

## Ogham

Tha 20 litir ann an aibideil Ogham nan Cruithneach. Tha i a' cleachdadh shrìochdan air gach taobh de loidhne gus na litrichean a chruthachadh. Aithnichear fuaimreagan is connragan fa leth, ach chan eil e an còmhnaidh comasach a' chiall a thuigsinn oir tha iad air caitheamh no chan eil iad ann air fad. Tha sgrìobhadh Ogham air Clach Rodney air fàid gach oir gu lèir. Tha a' mhòr-chuid dhiubh air caitheamh cus airson an tuigsinn, ach dh'fhaodadh gu bheil ainm naomh Cruithneach ann, 'Ethernan,' a chaochail am measg nan Cruithneach, a rèir aithris, ann an 669.



## Obair-mheatailt Fhìnealta



Tha na Cruithnich ainmeil airson an obair-mheatailt fhìnealta. Bhiodh iad a' dèanamh chuibhrichean mòra airgid, agus cuideachd prìneachan sgeadaichte nas lugha agus broidseachan ann an cruth cearcaill neo-chrìochnaichte. Bha iad seo mar bu trice air an dèanamh bho umha no airgead òraichte is a' cleachdadh an sgeadachaidh eadar-obraichte a tha cho aithnichte bho linn nan Cruithneach. Am measg nan eisimpleirean ionadail tha an tasgadh ann an Crothaidh, agus am pìos broidse seo a chaidh a lorg aig Caisteal Urchadain.


# NA CRUITHNICH




## Clachan bho Linn nan Cruithneach ann an Taigh-tasgaidh Inbhir Nis



**Ceann Bèiste, Àird Rois**




**Madadh allaidh, Àird Rois**



**Ceangalan Beaga Aiseig, Goillspidh**




**An Tòrr Gorm, Drochaid Sguideil**




**Tarbh, Mullinn an Rìgh**




**Tuathanas Cullaird, Sganaphort**




**Tuathanas Gharbh Bhig, Inbhir Nis**



**Baile Bhlàir an Iar, A' Mhanachainn**



**Dail Neimhidh, Àird Rois**



**Tarbh, Lochardil, Inbhir Nis (iasad)**

*Dealbhannan © Ian G. Scott*

## Àiteachan tadhail

Tha tòrr clachan samhla is leacan croise rim faotainn san sgìre ionadail.

- Prìomh-oifis Chomhairle na Gàidhealtachd, **Clach an Tuirc, Cnoc nan Gàidheal.**
- Taigh-tasgaidh Taigh Ghroam, Ros Maircnidh, **Leac Croise**
- Ionad Taisgealaidh An Tairbeirt, Port MoCholmaig, **Làrach bho Linn nan Cruithneach**

Clachan eile bho Linn nan Cruithneach:

Caisteal Dhùn Robain, Inbhir Pheofharain, Srath Pheofharain, Neig, Seann Duaig, Eadardan, Àrd Gaoith, Crèich & Goillspidh.

Ann am Moireibh, tadhail air Caisteal Bhrothaidh & Cathair-eaglais Eilginn.



**Clach Rodnaidh, Caisteal Bhrothaidh**



**Leac croise, Cathair-eaglais Eilginn**



**Clach iolaire, Srath Pheofharain**